

COMANN NAM PÀRANT (NÀISEANTA)

Aithisg Bhliadhnail

2011/12

Ro-ràdh a' Chathraiche

Tha mi toilichte Aithisg Bhliadhnail Chomann nam Pàrant (Nàiseanta) 2011/12 a thoirt thugaibh.

Am bliadhna, tha sinn air cumail a' dol leis an leudachadh den 'Sgeama Comhairleachaidh Phàrant' agus tha pàrantan air a bhith an sàs ann an iomadach tachartas foillseachaidh, cho math ri stàileachan aig ionadan bhùithdean, mar eisimpleir, far a bheil pàrantan le clann òga dualtach a bhith. Tha sinn air a bhith ag obair le sgioba nam Bliadhnachan Tràtha aig Bòrd na Gàidhlig airson an roinn 0-3 a neartachadh, roinn a dh'fheumas a bhith na phrìomhachas ma tha sinn gu bhith a' tàladh phàrantan ùra a dh'ionnsaigh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Chaidh an àireamh chloinne aig ìre na bun-sgoile am meud gu ìre bheag bho 2312 an uiridh gu 2418 am bliadhna ann an 60 sgoil air feadh Alba. Chaidh clas meadhan Gàidhlig ùr fhosgladh ann an Obar Pheallaidh ach dhùin an aonad Ghàidhlig am Bearnaraigh Leòdhais, a' ciallachadh gu bheil an àireamh de sgoiltean a' tabhann FMG a' fuireach aig 60. Ged nach robh meudachadh cudromach sam bith anns an àireamh a' thòisich ann am P1 am bliadhna, tha sinn an dùil gum faic sinn àireamhan a' dol an àird san ath bhliadhna no dhà air sgàth oidhirpean na Sgeaga Comhairleachaidh Phàrantan agus piseach a' tighinn air solar ro-sgoile.

Gu mì-fhortanach am bliadhna a-rithist, cha deach cus adhartais a dhèanamh a thaobh meudachadh air an àireamh de sgoiltean sònraichte Gàidhlig a chaidh fhosgladh. Chaidh an t-adhartas a bu mhotha a dhèanamh an Dùn Èideann far, às dèidh iomairt shoirbheachail le pàrantan, an do chuir a' cho-chomhairle a ghabh an t-ùghdarras os làimh taic ris a bheachd gum bu chòir sgoil ùr a stèidheachadh ann am Bonnington. Tha duilgheadasan le staid an togalaich air dàil a chur air adhartas, gu mì-fhortanach, ach tha sinn a' tuigsinn gum bu choir an sgoil a bhith deiseil airson fosgladh san Lùnastal 2013.

An-uiridh bha iomagain air pàrantan air feadh na Gàidhealtachd mu mholadh Chomhairle na Gàidhealtachd gum bu chòir cuidhteas fhaighinn den h-uile dreuch neach-taic clasruim agus, còmhla ri pàrantan bho FMB, chaidh iad an sàs ann an iomairt an aghaidh a' mholaidh. Mhol an ath-sgrùdadh a chaidh a dhèanamh air na dreuchdan gum bu chòir dreuchd Luchd-taic sgoilearan stèidheachadh, aig dà ìre cosnadh a bheir gu chèile dreuchd agus dleastanas Luchd-taic Ionnsachaidh agus Luchd-taic Clasruim. Tha sinn taingeil gu bheil taic sa chlasruim gu bhith a' leantainn oir tha sinn a' faireachdainn gu bheil e gu sònraichte deatamach ann am foghlam Gàidhlig airson taic a chur a thaobh nithean cànanach.

San Ògmhios, chuir Comann nam Pàrant fàilte air foillseachadh aithisg HMIE 'Foghlam Gàidhlig: A' togail air nithean soirbheachail, a' dèiligeadh ri bacaidhean', a' chiad aithisg bhon luchd-sgrùdaidh air adhartas agus ceistean ann am foghlam Gàidhlig bho dh'fhoillsichear 'Leasachadh Coileanadh ann an Gàidhlig' ann an 2005. Tha an aithisg a' mineachadh an cleachdadh as fheàrr ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a thaobh bogadh cànan agus cho cudromach sa tha e gun tèid an curraicealam gu lèir a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an dìth iùil sgrìobhte nàiseanta a tha a' mineachadh an cleachdadh as fheàrr air a thogail san aithisg, cho math ris an dìth adhartais aig ìre na h-àrd-sgoile agus an fheum a th' air eadar-ghluasad nas èifeachdaiche bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil.

Chomharraich Comhairle na Gàidhealtachd 25 bliadhna de FMG le sreath de thachartasan co-chomhairleachaidh air feadh na sgìre, le pàrantan an latha an-diugh agus an-dè a' gabhail pàirt, cho math ri daoine òga le eòlas air FMG. B' e amas nan tachartasan beachdan fhaighinn air solar an-dè is an-diugh agus airson bruidhinn air solar 0-18 taobh a-staigh na Gàidhealtachd san àm ri teachd, leis na beachdan sin gam biathadh do Phlana Cànain na Comhairle 2012-16. Chaidh na h-aon seòrsa bheachdan a thogail aig a' mhòr-chuid de na tachartasan. Mar eisimpleir, chaidh an dìth taice do sgoilearan le Feumalachdan a Bharrachd a thogail aig gach tachartas, agus chaidh seo a thogail le pàrantan aig ìre nàiseanta bho chionn ghoirid. Chaidh an dìth Oifigear Foghlaim Gàidhlig air Ghàidhealtachd cuideachd a thogail aig na tachartasan agus tha Comann nam Pàrant air sgrìobhadh chun chomhairle grunn uairean airson impidh a chur orra an dreuchd seo a lìonadh.

Tha sinn air beachdan a chur air adhart air grunn cho-chomhairlean air Planaichean Cànain air feadh na bliadhna agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' cur taic ri cuid dhiubh ann a bhith dhan cur an gnìomh.

Tha Comann nam Pàrant fada an comain Bhòrd na Gàidhlig airson cumail a' dol le bhith a' maoinachadh obair na buidhne agus an comain Chomunn na Gàidhlig airson leantainn le taic rianachd.

Bu mhath leam taing a thoirt do gach pàrant anns na buidhnean ionadail de Chomann nam Pàrant a tha air a bhith ag iomairt agus a' toirt taic do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig thairis air a' bhliadhna. Tha sinn mothachail gu bheil mòran dhleastanasan air pàrantan agus tha sinn a' cur luach air an ùine a tha iad a' toirt do dh'obair CnP aig ìre ionadail agus nàiseanta.

Sa bhliadhna tha romhainn, tha Comann nam Pàrant (Nàiseanta) a' coimhead air adhart ri obrachadh còmhla ri Bòrd na Gàidhlig ann an bhith a' cur a' Phlana Nàiseanta Cànain an gnìomh. Bidh na h-aon phrìomhachasan aig Comann nam Pàrant am bliadhna sa bh' aca an-uiridh; àrdaich mothachadh, agus an àireamh a' gabhail brath, air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, anns a' mhòr-chuid tro lìonradh de luchd-comhairleachaidh phàrantan, brosnach agus bheir taic do phàrantan gus barrachd Gàidhlig a chleachdadh san dachaigh, bheir taic dhan iarrtas airson sgoiltean sònraichte Gàidhlig agus cum a' dol le bhith a' sireadh adhartas ann an solar sna h-àrd-sgoiltean.

Dawn Morgan, Cathraiche Chomann nam Pàrant (Nàiseanta)
Cèitean 2012

Gnìomhan

Sgeama Comhairleachaidh Phàrant

Tha Comann nam Pàrant air leantainn le bhith a' leudachadh an iomairt foillseachaidh nàiseanta foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FMG), a tha ag amas air lionradh de luchd-comhairleachaidh phàrant a stèidheachadh air feadh Alba a thogas mothachadh air cothroman FMG air feadh na dùthcha agus, aig a' cheann thall, a bheir piseach air an àireamh de sgoilearan a' dol gu FMG. Tha sinn a' faireachdainn gu bheil a' chomhairle as fheàrr do phàrantan a tha a' beachdachadh air FMG a' tighinn bhon fheadhainn a bh' ann sa chunnaic mar phàrantan no luchd-cùraim chloinne a tha no a bha an sàs ann am FMG.

Chaidh 6 seiseanan trèanaidh a chumail airson na sgeama tron bhliadhna, le 42 neach gan frithealadh. Aig na seiseanan seo, chaidh fiosrachadh a thoirt do phàrantan a thaobh cleachdaidhean ann an FMG, an taic a gheibhear taobh a-muigh na sgoile do sgoilearan is do phàrantan, ceistean cumanta a bhios aig pàrantan agus na buannachdan a thig an lùib dà-chànanas, an rud a tha a' tàladh a' mhòr-chuid de phàrantan a dh'ionnsaigh FMG. Air a' mhìos a chaidh seachad, chaidh seisean a chumail ann an Glaschu, far an robh còigear thagraichean an làthair agus dithis Luchd-comhairleachaidh Phàrant à Cille Mheàrnaig. Tha ceithrear de na tagraichean sin a-nis ag obair nan luchd-comhairleachaidh do FMG, dithis ann an Glaschu agus dithis ann an Innis an Uillt. Bhathar am beachd latha trèanaidh a chumail an Inbhir Nis airson barrachd phàrantan fhadstadh airson siorrachd Inbhir Nis agus cuideachd air feadh an Eilein Sgitheanaich. Air sgàth duilgheadasan air nach robh smachd againn, thainig òirnn an latha a chur dheth. Tha sinn an dùil an latha trèanaidh a-nis a chumail san Ògmhios 2012.

Air feadh na bliadhna, tha pàrantan air an sgeama air a bhith trang a' frithealadh agus a' cur air dòigh tachartasan, a' co-obrachadh le sgoiltean agus a' cur air dòigh làithean fosgailte, a' sgaoileadh bhileagan is phostairean, a' sanasachd ann am pàipearan-nàidheachd ionadail agus a' tadhal air ionadan ro-sgoile airson bruidhinn ri pàrantan. Ann an cuid de sgìrean tha pàrantan air a bhith ag obair còmhla ri sgioba ro-sgoile Bhòrd na Gàidhlig airson buidhnean ro-sgoile ùra a stèidheachadh.

San t-Sultain 2011, dh'fhas Comann nam Pàrant an dàrna neach-obrach, tron Sgeama Luchd Ceumnachaidh airson bliadhna, air a bheil dleastanas airson taic a bharrachd a thoirt do luchd-comhairleachaidh phàrant agus airson an Sgeama Comhairleachaidh a stèidheachadh. Cho math ris an taic a bharrachd a thathar a' tabhann, tha siostam rianachd nas làidire air a chur an gnìomh gus feuchainn ri soirbheachas no fàiligidh sam bith san Sgeama a chlàradh a bheir dhuinn, tro ùine, cothrom ar n-oidhirpean is ghoireasan a dhèanamh nas èifeachdaiche. Bheir e cuideachd dhuinn sealladh anns na bliadhnachan a tha romhainn a thaobh ceangal sam bith eadar an Sgeama Comhairleachaidh agus àireamhan clàraidh airson FMG. Ged a tha an clàradh de dhàta gu math ùr don Sgeama, gu ruige seo (14/05/2012) tha faisg air 1000 còmhradh air gabhail àite eadar luchd-comhairleachaidh agus pàrantan air feadh Alba.

Tha grunn ghoireasan sgrìobhte ri fhaotainn do phàrantan airson an cleachadh aig tachartasan agus làithean fosgailte. 'S e leabhran "Fios is Freagairt", mu FMG agus Gàidhlig san dachaigh, an goireas as trice a thathar a' cleachadh. Cho math ris an leabhran, tha a-nis DVD a' dol na lùib. Chaidh lethbhreacan den DVD a chur gu luchd-comhairleachaidh air fad agus gu grunn sgoiltean, chròileagan is ionadan coimhearsnachd air feadh na dùthcha, agus gheibhear iad bhon oifis againn cuideachd. Bidh lethbhreac den DVD ri fhaighinn a dh'aithghearr air làrach-lìn Chomann nam Pàrant aig www.parant.org.uk.

Seachdain Gàidhlig do Sgoiltean ann an Dùn Èideann

Tha sinn a' cumail suas ar taic do dh'fhoghlam Gàidhlig le bhith a' cur air dòigh gnìomhan do chloinn taobh a-muigh na sgoile gu h-ionadail agus gu nàiseanta agus am bliadhna chum sinn Seachdain Gàidhlig sa Ghiblean do sgoilearan FMG. Thàinig timcheall air 300 sgoilear bho 14 sgoil a Dhùn Èideann far an do ghabh iad pàirt ann an gnìomhan meadhan Gàidhlig aig na Dealbh-lann Nàiseanta, 'Our Dynamic Earth', an Lios Luibheach Rìoghail agus Caisteal Dhùn Èideann. Fhuair sgoilearan à Leòdhas, na Hearadh, Dùn Obhainn, Malaig, an t-Eilean Sgitheanach, Farfar, Baile Dhùbhthaich agus Inbhir Nis, cho math ri sgoilearan à meadhan na h-Alba, an cothrom Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh a' chlasruim ann an diofar shuidheachaidhean.

Bilingualism Matters anns na h-Eileanan an Iar

Bha an iomadh buannachd a thig an lùib dà-chànanas sna h-Eileanan an Iar aig cridhe iomart agus goireas ùr a chaidh a chur air bhog mar phàirt de dh'ìomail a' Mhòid an Steòrnabhagh san Dàmhair – Meur nan Eilean Siar de 'Bilingualism Matters'. Tha an obair aig an eòlaiche-cànain an t-Oll Antonella Sorace air na buannachdan aig dà-chànanas aig cridhe a' phròiseict ùr, nua-thionnsgach seo. Mar Ollaimh airson Cànanachas Leasachail aig Oilthigh Dhùn Èideann, tha an rannsachadh cudromach aice air cur às gu tur dhan bheachd gu bheil dà chànan ag adhbharachadh inntinn troimh-chèile ann am pàiste agus a' cur bacadh air adhartas eanchainn. 'S ann a tha cùisean an taobh eile – tha a h-obair a' sealltainn gu bheil clann dà-chànanach a' faighinn tòrr a bharrachd ann an iomadh dòigh na clann aig a bheil aon chànan a-mhàin.

Còmhla ri luchd-obrach bho Cholaiste Chaisteil Leòdhais agus Bòrd Slàinte nan Eilean Siar, fhrithéal grunn phàrantan a tha an sàs ann an Sgeama Comhairleachaidh Phàrant Chomann nam Pàrant latha trèanaidh leis an Oll Sorace agus thèid aca a-nis air fiosrachadh air dà-chànanas a thoirt do phàrantan air feadh nan Eilean Siar.

Leabhraichean-latha Sgoile

Tha Comann nam Pàrant a' foillseachadh leabhar-latha do sgoilearan bun-sgoile ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus a' toirt taic ionmhais do dh'àrd-sgoiltean a tha airson leabhar-latha dà-chànanach fhoillseachadh.

Buidhnean Ionadail Chomann nam Pàrant

Tha buidhnean Chomann nam Pàrant a' leantainn leis an obair chudromach a tha iad a' dèanamh aig ìre ionadail; a' cur taic ri obair a' chlasruim, cur-seachadan taobh a-muigh na sgoile agus ag iomairt air gnothaichean a tha cudromach a thaobh solar foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha pàrantan ann an grunn sgìrean air Comann nam Pàrant ath-stèidheachadh nan sgìrean am bliadhna agus tha comataidhean a-nis aca airson gluasad air adhart le planaichean gnìomh.

Magaidh Wentworth, Oifigear Phàrant

Tha Comann nam Pàrant (Nàiseanta), a' bhuidheann stiùiridh airson nam buidhnean ionadail, na charthannas clàraichte an Alba le prìomh amas "a bhith a' cur air adhart agus a' toirt taice do stèidheachadh is cumail suas Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig". Tha comas aig a h-uile sgìre far am bheil buidheann CnP ionadail a bhith air an riochdachadh air a' chomataidh nàiseanta, a' ciallachadh gun cluinnear guth gach pàrant aig ìre nàiseanta.

Comataidh Comann nam Pàrant (Nàiseanta) 2011 / 2012

Dawn Morgan	Inbhir Nis, Inbhir Narann, Bàideanach agus Srath Spè
Mòrag Deirdrie Soszka	Gallaibh, Cataibh agus Ros an Ear
Fiona Byrne	Taobh Siar Rois, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar
Colin Meek	Taobh Siar Rois, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar (leig dheth a dhreuchd 11/11)
Kerry Butler	Meadhan Alba
Bob McGowan	Alba an Ear
Margaret Ford	Taobh Siar Rois, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar
Donna Young	Earra-Ghàidheal is Bòid
Marsaili Dow	Co-thaghte